

Fuinn

Taisbeanadh le Mhàiri Hall agus Beth Robertson Fiddes

Tha an taisbeanadh *Fuinn Airs* an-dràsta anns An Lanntair, co-obrachadh eadar an neach-ciùil Mhàiri Hall agus am peantair, Beth Robertson Fiddes.

Ann an 'Airs' chruthaich Mhàiri pìosan ciùil ùra a bha air am brosnachadh le òrain traidiseanta Albannach agus tha Beth air obair-ealain a tha na chois a chruthachadh.

Tha an cluicheadair piàna Albannach Mhàiri Hall a' tarraing ri chèile fillidhean de dh'fhuaimean bho nàdar agus bho chlàraidhean à tasglainn gus cruinneachadh sònraichte a thoirt de fhuinn slaodach eachdraidheil Gàidhlig agus Albannach, a tha air an deagh mhìneachadh air a' phiàna.

Bha an dealbhaiche sealladh-tìre Beth Robertson Fiddes còmhla rithe an uair a bha i a' leasachadh agus a' clàradh clàr nam Fuinn *Airs* ann an Crear, Earra-Ghàidheil. Ag èisteachd agus a' gabhail a-steach obair Mhàiri agus air a brosnachadh fhad 's a bha i a' peantadh a h-obair meadhan-measgaichte, a tha a' cur cho brosnachail is cho nochte ris a' cheòl.

Tha am paca-gaileiridh seo air ullachadh gus a bhith an cois an taisbeanaidh agus tha gnìomhan agus obair air a mholadh a dh'fhaodadh tu a bhith airson a dhèanamh còmhla ris a' chlas agad.

Tha sinn an dòchas gun cuidich na gnìomhan sin thu fhèin agus na sgoilearan agad a bhith an sàs ann a bhith a' coimhead ris an ealain a tha an dithis air a dhèanamh. Far am bi e comasach dhut, thèid fhèin an sàs sa ghnìomh agus leig leis na sgoilearan faicinn dè a tha thu a' dèanamh.

Tha An Lanntair toilichte stuthan a thoirt dhan sgoil agad ma bhios feum agad air a sin.

Curriculum for excellence areas

Expressive Arts

I have the opportunity to choose and explore a range of media and technologies to create images and objects, discovering their effects and suitability for specific tasks. **EXA 1-02a**

I have the opportunity to choose and explore an extended range of media and technologies to create images and objects, comparing and combining them for specific tasks. **EXA 2-02a**

Inspired by a range of stimuli, I can express and communicate my ideas, thoughts and feelings through activities within art and design. **EXA 1-05a / EXA 2-05a**

I can respond to the work of artists and designers by discussing my thoughts and feelings.

I can give and accept constructive comment on my own and others' work. **EXA 1-07a / EXA 2-07a**

Health and Wellbeing : Mental and emotional wellbeing

I know that we all experience a variety of thoughts and emotions that affect how we feel and behave and I am learning ways of managing them. **HWB 1-02a / HWB 2-02a**

I understand that my feelings and reactions can change depending upon what is happening within and around me. This helps me to understand my own behaviour and the way others behave.

HWB 1-04a / HWB 2-04a

Literacy : Listening and Talking

When I engage with others, I know when and how to listen, when to talk, how much to say, when to ask questions and how to respond with respect. **LIT 1-02a**

When I engage with others, I can respond in ways appropriate to my role, show that I value others' contributions and use these to build on thinking. **LIT 2-02a**

Literacy : Writing

I can describe and share my experiences and how they made me feel. **ENG 1-30a / GAI 1-30a**

As I write for different purposes and readers, I can describe and share my experiences, expressing what they made me think about and how they made me feel. **ENG 2-30a / GAI 2-30a**

Gnìomh – A’ cruthachadh le ceòl

Sa ghnìomh seo nì sinn sgrùdadh air cuid de na pròiseasan a chleachd an luchd-ealain an uair a bha iad a’ cruthachadh an obair ealain seo. Feuchaidh sinn ri bhith ag èisteachd gu mionaideach riutha agus a’ toirt freagairt dha na nithean a tha sinn a’ cluinntinn gun a bhith a’ feuchainn ri rud coltach ris a chruthachadh ach dìreach a bhith a’ toirt ar beachd nàdarra air a’ cheòl.

Tòisich le bhith a’ leigeil leis a’ chlas agad coiseachd mun cuairt an taisbeanaidh a’ coimhead air na dealbhan agus ag èisteachd ris a’ cheòl mus suidh sibh sìos am badeigin. An uair sin lean an stiùireadh a leanas.

Stuthan a dh’fheumar

Peansailean, gual-fhiodha, creidhein no pinn-dath agus pàipear (meud sam bith, ach mar as motha is ann as fheàrr!)

Obair

Canar ‘air’ ris an t-seòrsa ciùil a chluinneas tu. Is e fonn ceòlmhor a tha ann an ‘air’ a tha gu math tric slaodach agus cha leig e a leas a bhith a’ leantainn buille chunbhalach.

Is e seann fhuinn a tha ann an cuid dhiubh a chaidh an cruthachadh o chionn fhada, ach chan eil iad an-diugh coltach ris na fuinn a chuala Mhàiri an toiseach – tha iad air atharrachadh. Le bhith gan cluich san nòs aice fhèin tha Mhàiri air an dreach ùr aice fhèin a dhèanamh. Canar mìneachadh ri seo.

Ma dh’èistean tu gu cùramach cluinnidh tu Mhàiri a’ cluich a’ phiàna, ach tha fuaimean eile ann cuideachd.

Faigh pìos pàipear agus air a chùlaibh sgrìobh sìos d’ ainm agus an àireamh 1.

Dùin do shùilean.

Dè a tha thu a’ cluinntinn?

Ma chumas tu do shùilean dùinte dè a tha thu a’ faicinn nad mhac-meanmainn?

An uair a dh’fhosglas tu do shùilean agus a thogas tu am peansail no an creidhean, tha sinn a’ dol a dh’fheuchainn ri dealbh a dhèanamh de na nithean a tha thu a’ cluinntinn.

Feuch ris na sùilean agad a dhùnadh a-rithist. Cò ris a tha an ceòl coltach an uair a tha na sùilean agad dùinte?

An urrainn dhut facail no dathan a lorg a dh’innseas mu dheidhinn – is dòcha blàth no fuar, dorch no soilleir? An e fuaim socair a tha ann?

Is dòcha gun urrainn dhut do bhodhaig a ghluasad mar a bhios an ceòl a’ cluich. A bheil an ceòl a’ cluich mar bhloca no mar sgrìobag? A bheil e a’ toirt air do làmh a dhol gu luath thar na duilleige no gluasad gu slaodach mar sheilcheag a’ fàgail làrach air a cùl?

Dè a tha an sgeula ag innse dhut?

(An uair a tha an ceòl air stad thoir air na sgoilearan an sùilean a chumail dùinte agus cruinnich an obair ealain a rinn iad)

Faigh pìos pàipear eile – sgrìobh d' ainm air a chùl, agus an turas seo sgrìobh an àireamh 2.

Èist ri fonn eile, no *air*. Cò ris a tha am fear seo coltach? An urrainn dhut cumaidhean no dathan no facail a lorg?

Feuch ri bhith a' gluasad a' pheansail agad agus na sùilean agad dùinte a-rithist fhad 's a tha an ceòl a' cluich.

Gluais agus sgrìobh fhad 's a tha an ceòl ga chluich.

(An uair a tha an ceòl air stad thoir air na sgoilearan an sùilean a chumail dùinte agus cruinnich na duilleagan)

Dèan seo cho tric 's a tha thu ag iarraidh.

Cuir an obair ealain air an làr ann am buidhnean (me na freagairtean airson àireamh a h-aon agus ann am buidheann eile an fheadhainn airson àireamh a dhà).

Iarr air na sgoilearan a dhol mun cuairt an dà bhuidhinn agus feuch an urrainn dhaibh tomhais dè am fear a rinn iad fhèin.

Ceistean:

Tha sibh air a bhith ag èisteachd ris an t-aon cheòl. An robh thu a' smaoineachadh gum biodh an obair-ealain coltach ri chèile no diofraichte? Carson?

Tha sibh a-nis air a bhith a' coimhead ris na dealbhan a rinn sibh, a bheil iad coltach ri chèile?

Mur eil, carson nach eil? Dè na dòighean sa bheil iad coltach ri chèile?

A bheil fear ann as fheàrr leat na an fheadhainn eile?

An urrainn dhut innse dè am fear a rinn thu fhèin?

(A-nis tionndaidh na duilleagan agus thoir iad air ais dhan fheadhainn a rinn iad)

Dè as toil leat mun obair-ealain a rinn thu?

A' coimhead mun cuairt a' ghaileiridh, a bheil dealbhan sam bith ann a tha thu a' smaoineachadh a bha air am brosnachadh air sgàth nam pìosan ciùil ris an robh sibh ag èisteachd?

Beachdan

Chan eil dòigh cheart no cheàrr ann a bhith ag èisteachd, a bhith a' faireachdainn no bhith a' dèiligeadh ri ealain.

Seach gu bheil sinn uile diofraichte, bhiodh sinn a' sùileachadh gum biodh an ealain againn diofraichte cuideachd.

Is dòcha gum bi e air leth mì-ghleusda! No rud beag mì-ghleusda! NO AIR LETH MÌ-GHLEUSDA. Tha sin ceart gu leòr, tha e dìreach a' clàradh na chuala tu agus na chunnaic thu agus nas cudromaich buileach, na faireachdainnean a bha agad.

Is e seo aon de na dòighean a bhios Beth a' cruthachadh nan dealbhan aice agus a bhios Mhàiri a' dèanamh a cuid ciùil – bidh iad a' measgachadh chuimhneachain mu àiteachan san robh iad agus cuairtean air an robh iad gus an obair-ealain a chruthachadh.

Bidh Beth an-còmhnaidh ag èisteachd ri ceòl an uair a bhios i a' peantadh. Bha i ag èisteachd ris an dearbh cheòl ris a bheil sibh air a bhith ag èisteachd an-diugh an uair a bha i a' peantadh cuid den obair-ealain a tha seo.

Leudachadh air a' ghnìomh

An uair a bhios sibh air ais san sgoil faodaidh sibh feuchainn ri dèiligeadh ri diofar sheòrsaichean ciùil. Cumaibh ur sùilean dùinte oir is e dòigh mhath a tha sin airson a bhith ag èisteachd gu mionaideach.

Feuch ri bhith ag èisteachd ri diofar sheòrsaichean ciùil agus faic a bheil sin ag atharrachadh an obair-ealain agad.

Feuch ri bhith a' cleachdadh stuthan eile leithid peant no crèadh.

Faodaidh tu a bhith ag èisteachd ri seòrsa ceòl sam bith – seo cuid de na ceangalan ri cuid de cheòl a dh'fhaodadh a bhith spòrsail agus inntinneach a dhèanamh bho diofar dhùthchannan agus thar diofar ghnèithean ciùil.

AIRS - Schools resource pack

National Folk Ensemble of Bulgaria 'Prituri Se Planinata':

<https://www.youtube.com/watch?v=2HzNVuhPIJo>

Bonnie Rideout 'Macintosh's lament':

<https://www.youtube.com/watch?v=bUEPJdStnGg>

Steve Reich 'clapping music':

<https://www.youtube.com/watch?v=YPU5XrmORCO>

Kraftwerk 'We are the robots':

https://www.youtube.com/watch?v=D_8Pma1vHmw

Buena vista social club 'Chan Chan':

<https://www.youtube.com/watch?v=o5cELP06Mik>

Debussy 'pour le piano 'sarabande':

<https://www.youtube.com/watch?v=3ZjjqDernFc>

Mick O'Brien agus Caoimhín Ó Raghallaigh 'Kitty Lie Over, Munster Buttermilk':

https://www.youtube.com/watch?v=mM2T3YIB_Uc

Ravi Shankar 'Raga Jog' (this track is 28mins long, so good for a longer activity):

(tha an trac seo 28 mionaid a dh'fhaid, mar sin tha e freagarrach airson gnìomh nas fhaide):

https://www.youtube.com/watch?v=aNKTWhcw5nI&list=OLAK5uy_mNTHwDN-JPzQufbCbIIA3SE3-P0Rnv-9M

Gnìomh – Tursan agus cuimhneachain, sgrìobhadh cruthachail

Sa gnìomh seo thèid cuireadh a thoirt do sgoilearan na seallaidhean-tìre a chaidh a pheantadh a sgrùdadh gu mionaideach agus an saoghal mac-meanmnach aca fhèin a chruthachadh ann.

Stuthan a dh'fheumar

Pàipear (le loidhnichean no gun loidhnichean) peansailean

Obair

Iarr air a' chlas agad coiseachd mun cuairt an taisbeanadh a' coimhead air na dealbhan agus ag èisteachd ris a' cheòl. An uair sin iarr orra dealbh a thaghadh agus sgrìobhadh mu dheidhinn. Faodaidh iad obrachadh leotha fhèin, ann am paidhrichean no ann am buidhnean.

Iarr air na sgoilearan na ceistean air an duilleag-obrach a fhreagairt.

An dèidh dha na sgoilearan an obair seo a choileanadh iarr orra cuid de na sgeulachdan no na dealbhan aca a cho-roinn.

Ceistean:

An do thagh neach sam bith an t-aon dealbh?

An deach na h-aon fhreagairtean a thoirt seachad?

A bheil thu air a bhith ann an àite a tha a' cur nad chuimhne an sealladh a tha ann am fear de na dealbhan?

Beachdan

An uair a sheallas sinn ri dealbhan Beth aig astar tha pàirtean dhiubh a' coimhead mar gu bheil iad ann an da-rìribh, mar gu bheil an t-uisge a' gluasad no gu bheil e domhainn gu leòr airson leum a-steach ann!

Ach an uair a choimheadas sinn nas mionaidich chì sinn gu bheil iomadh filleadh agus tòrr obair mhionaideach ann an dealbhan Beth.

Cluinnidh sinn fonn an uair a dh'èistear sinn ri ceòl Mhàiri, ach an uair a dh'èistear sinn nas mionaidich cluinnidh sinn fillidhean de dh'fhuaimean – barrachd air aon ionnsramaid, no fuaim nan tonn agus na gaoithe.

Is urrainn dhuinn fillidhean a chur ris na sgeulachdan againn fhèin – le bhith a' cleachdadh ar mac-meanmna, is urrainn dhuinn tuilleadh fiosrachaidh a chur a-steach mu àiteachan, nithean a tha beò agus tachartasan a dh'fhaodadh a thighinn gu bith.

Tha na fillidhean agus na sgeulachdan againn diofraichte. Dìreach mar a bhios sinn a' fèin-fhiosrachadh an saoghal agus na seallaidhean-tìre a tha mun cuairt oirnn.

Tha a bhith a' dèanamh nithean mar dealbhan no ceòl no sgeulachdan a' leigeil le feadhainn eile coimhead tro ar sùilean gu saoghail eile – is e spòrs a tha ann a bhith ga dhèanamh, ach tha e spòrsail cuideachd a bhith a' faicinn saoghail dhaoine eile cuideachd.

Duilleag-gnìomh cuairtean agus cuimhneachain

Ainm:

Tòisich le bhith a' coiseachd mun cuairt a' ghaileiridh a' coimhead ris na dealbhan agus ag èisteachd ris a' cheòl.

Tagh aon dealbh agus stad is coimhead ris.

Carson a thagh thu an dealbh seo?

Dè a tha thu a' faicinn an uair a sheasas tu air ais agus a sheallas tu ris an dealbh?

Dè a tha thu a' faicinn an uair a thèid thu nas fhaisge agus a choimheadas tu nas mionaidich ris an dealbh?

Smaoinich gu bheil thu san dealbh – càite a bheil seo? An urrainn dhut innse dè an àite a tha seo ?

A bheil thu air a bhith ann an àite mar seo ron seo?

Cò ris a tha an aimsir coltach?

Dè an t-àm dhan latha a th' ann?

A bheil thu nad aonar an seo no a bheil feadhainn eile ann, daoine no ainmhidhean?

A bheil nithean eile ann? Creutairean draoidheil no lusan, caraidean no nàimhdean uisge?

A bheil thu a' faireachdainn fàileadh sam bith?

Dè a tha thu a' cluinntinn?

Dè a tha air do chùlaibh?

Ciamar a bhios tu a' gluasad mun cuairt? Am feum thu snàmh no sgèith no a bheil carbad agad?

Cò ris a tha e coltach a bhith san t-sealladh-tìre seo a tha air a pheantadh?

Sgrìobh no dèan dealbh gu h-ìosal den ath rud a thachras san t-sealladh-tìre seo (am fàs e dorch? An tig rudeigin suas san uisge? Ciamar a gheibh thu dhachaigh? Dè a bheir thu leat gus cuimhne a chumail air do thuras)...

Gnìomh

Faireachdainn mu àite – Sa ghnìomh seo bidh sinn a’ dèanamh dealbh agus a’ sgeitseadh, a’ clàradh na tha sinn a’ fèin-fhiosrachadh gus colàids a dhèanamh agus faodaidh sinn feuchainn ri innealan airson a bhith a’ dèanamh làraich a chruthachadh.

Tha dealbhan Beth ioma-mheadhan. Tha seo a’ ciallachadh gu bheil i a’ cleachdadh iomadh filleadh agus modhan-obrach gus na seallaidhean-tìre aice a chruthachadh.

Tha Beth a’ tòiseachadh le bhith air a’ bhlàr a-muigh, a’ clàradh na tha i a’ faicinn, a’ cleachdadh dealbhan, sgeidsichean agus a’ coimhead gu mionaideach ri far a bheil i.

Glè thrìc nì i iomadh filleadh a’ cleachdadh cuimhneachain mu bhith a-muigh, suas cnuic no faisg air uisge cuideachd.

Stuthan a dh’fheumar

Pàipear, peansailean, glaodh PVA (measgachadh 1:2, PVA: uisge), peant, pàipear-treasaidh no pàipear eadar-fhighte. Ma tha thu air a shon faodaidh tu camara didseatach a chleachdadh agus stuthan air am priontadh cuideachd). Nithean ath-chuartaichte – plastaig, cairt-bhòrd, sreang, itean, clòimh msaa.

Obair

Pàirt 1: Sgeidseadh agus dealbhadh

Is e clàran a tha air an ullachadh ann an dòigh neo-loinneil a tha ann an sgeidsichean. Faodar an cleachdadh gus solas agus dubhar a chlàradh no eadhoin facail no dathan. Bidh Beth uaireannan gan cleachdadh mar innealan gus am bi iad a' cuimhneachadh dhi na h-àiteachan san robh i.

Thoir na sgoilearan agad a-mach air cuairt – is dòcha timcheall air an raon-cluiche no nas fhaide air falbh. Ma tha thu sa ghaileiridh anns An Lanntair is dòcha gur ann am broinn an togalaich a bhios sibh, air an staidhre, aig na h-uinneagan no sa ghaileiridh. Thoir pìosan beaga pàipear dha na sgoilearan – no pàipear treasaidh. Iarr orra nithean sa bheil ùidh aca a chlàradh, lìon gòl ball-coise, duilleagan air an talamh, sgaoth de geòidh - iarr orra nithean a chì iad a chlàradh air pàipear ann an dealbh no ann am facail air pàipear.

Is e aon dòigh mhath air seo a dhèanamh am pàipear a phasgadh mar leabhar le duilleagan agus coiseachd mun cuairt airson mionaid agus an uair sin stad airson 30 diog gus dealbh a dhèanamh de rud a tha thu a' faicinn mus gluais thu air adhart. Is dòcha gur e barall na bròige agad fhèin a bhios ann, no dealbh den neach a tha na sheasamh ri do thaobh. Tha seo mu bhith mothachail dha na nithean a tha mun cuairt ort.

Ma tha thu a-muigh faodaidh tu nithean inntinneach a chruinneachadh airson a chur dhan cholàids agad no airson an cleachdadh mar innealan airson a bhith a' dèanamh làraich – nithean mar geugan, duilleagan, itean, sligean.



Part 2: Collage

Colàids

Air pìos mòr pàipear no cairt, faodaidh na sgoilearan colàids a dhèanamh den turas le bhith a' cur nan dealbhan agus an sgrìobhadh aca ri chèile. Mas fheàrr leotha faodaidh iad na sgèadsaichean aca a threasadh a' cleachdadh pàipear eadar-fhighte no pàipear-treasaidh.

Ma lorg iad stuth a tha iomchaidh, faodar sin a chleachdadh cuideachd. Cleachdaibh meadhanan eadar-dhealaichte mar creidheanan no peant diofraichte.

Glaodh na nithean sìos gu math le PVA agus fhad 's a bhios sin a' tiormachadh faodaidh na sgoilearan a bhith a' cleachdadh innealan mar na bruisean-peanta beaga no na spaidealan chithear gu h-àrd gus comharran èibhinn a dhèanamh. Faodaidh iad an uair sin an cleachdadh gu fillidhean eile de pheant a chur riutha no sgrìobhadh sìos air an dealbhan.

Seach a bhith dìreach a' dèanamh dealbh den àite air an do thadhail iad, tha am dealbh èibhinn seo a' toirt blas den àite air an do thadhail iad.

Beachdan

Seo mar a bhios Beth a' cur fillidhean ris na dealbhan aice – a' cur pìosan beaga pàipear no peanta tiugh le pìosan plastaig air, agus an uair sin ga sgrìobadh air ais gus am faicear na fillidhean a tha fodha.

Is ann mar seo a bhios Mhàiri ag obair cuideachd, a' cur fillidhean de dh'fhuaim ris a' cheòl agus a' toirt pìosan air falbh nach eil a' còrdadh rithe gus am bi e a' faireachdainn 'ceart'.

Tha diofar dhòighean ann a thaobh a bhith a' clàradh fèin-fhiosrachaidhean. Bidh iad sin uile sònraichte.

Tha sinn rudeigin coltach ris an obair-ealain sin, tòrr fillidhean de dhiofar nithean a tha a' tighinn ri chèile gus ar dèanamh air leth agus sònraichte.